Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd – Alumni

’S e an Rianadair Dàta airson an fhiosrachaidh a thathar a’ cruinneachadh: Sabhal Mòr Ostaig, Teanga, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ. Fòn: 01471 888 000.

A thaobh cheistean no dhraghan sam bith a th’ agaibh mu mar a thathar a’ cleachdadh ur dàta pearsanta, faodaidh sibh fios a chur chun an Rianaire Dìon Dàta aig gdpr@smo.uhi.ac.uk no chun an Oifigeir Dìon Dàta aig dataprotectionofficer@uhi.ac.uk.

Tha an aithris seo air prìobhaideachd a’ buntainn ris na leanas:

Ceanglaichean ri Alumni A’ toirt ballrachd dhuibh ann an Comann Alumni Sabhal Mòr Ostaig.

Cleachdar am fiosrachadh agaibh airson nan adhbharan seo:

Adhbhar 1: A’ toirt ballrachd dhuibh ann an Comann Alumni Sabhal Mòr Ostaig	Le bhith a’ toirt ballrachd dhuibh ann an Comann Alumni SMO, tha sinn a’ togail cheanglaichean leantainneach ribh a bhios gu buannachd na colaiste agus gu ur buannachd fhèin. Cumaidh sinn fios ribh tro chuairt-litrichean, agus bheir sinn buannachdan is seirbheisean dhuibh agus iarraidh sinn taic bhuaibh. Cleachdaidh Sabhal Mòr Ostaig am fiosrachadh agaibh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air mar as urrainn dhuinn ur cuideachadh agus mar as urrainn dhuibhse a’ Cholaiste a chuideachadh. Bidh am fiosrachadh a chruinnicheas sinn bhuaibh feumail dhuinn nuair a bhios sinn a’ dèanamh co-chonaltradh ri alumni agus cuidichidh e sinn gus taic a thoirt do ar n-alumni agus gus cur ri math Sabhal Mòr Ostaig. Bidh sinn a’ stòradh fiosrachadh-conaltraidh, eachdraidh foghlaim agus fiosrachadh buntainneach eile co-cheangailte ris an àm a chuir sibh seachad aig Sabhal Mòr Ostaig, leithid sgoilearachdan no duaisean a fhuair sibh. Cuideachd, cumaidh sinn clàr dhen fhiosrachadh phearsanta a bheir sibh dhuinn agus de na diofar dhòighean sam bi sibh a’ dèiligeadh ri Sabhal Mòr Ostaig, me, ma dh’ùraicheas sibh am fiosrachadh agaibh, clàradh airson buannachd, a’ frithealadh tachartas, tabhartas, obair phroifeiseanta, msaa. Dh’fhaodadh gun cleachdar goireasan didseatach gus measadh a dhèanamh air buaidh ar conaltraidh, leithid a’ sgrùdadh phost-d gus clàradh nuair a thèid post-d fhosgladh. Cha chumar fiosrachadh pearsanta, dìomhair (me, dàta co-cheangailte ri slàinte) ach nuair a bheir sibh seachad e airson adhbhar sònraichte, mar eisimpleir, nuair a tha sibh gu bhith a’ frithealadh tachartas. Cha bhi sinn a’ stòradh fiosrachadh mu chairtean creideis/banca. Cuideachd, dh’fhaodadh gun cuir sinn stuthan margaidheachd sa phost thugaibh a thaobh SMO, a’ gabhail a-steach, ach chan e seo a-mhàin, fiosrachadh mu, agus iarrtasan airson, tabhartasan do Shabhal Mòr Ostaig.

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd – Alumni

Adhbhar 2: Stuthan margaidheachd eileagtronaigeach bho Shabhal Mòr Ostaig	Gus an urrainn do Shabhal Mòr Ostaig stuthan margaidheachd eileagtronaigeach a chur thugaibh. 'S e a th' ann am margaidheachd 'gnìomhan a chuireas amasan na buidhne air adhart', agus mar phàirt de sin 's dòcha gun iarr sinn oirbh taic a thoirt dhuinn, tro dhiofar dhòighean, leithid a bhith a' toirt tabhartas dhuinn aig àm iomchaidh.

'S e ar n-adhbharan laghail gus an dàta a chleachdadh:

Airson nan adhbharan seo: Adhbhar 1: A' toirt ballrachd dhuibh ann an Comann Alumni Sabhal Mòr Ostaig

'S e ar n-adhbharan laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumar a chleachdadh air adhbharan dligheach a th' aig Sabhal Mòr Ostaig mar ionad foghlaim

Airson nan adhbharan seo: Adhbhar 2: Stuthan margaidheachd eileagtronaigeach bho Shabhal Mòr Ostaig

'S e ar n-adhbharan laghail gus an dàta a chleachdadh: Cead – thug sibh cead dhuinn airson a chleachdadh

Seach gun tug sibh cead dhuinn, faodaidh sibh an cead agaibh a tharraing aig àm sam bith le bhith a' cur post-d gu: alumni@smo.uhi.ac.uk

Cumar an dàta agaibh airson na h-ùine a leanas:

Adhbhar 1: A' toirt ballrachd dhuibh ann an Comann Alumni Sabhal Mòr Ostaig	Cumar an dàta agaibh airson 80 bliadhna bhon bhliadhna san do cheumnaich sibh. Tha ar ceanglaichean ri alumni a' maireachdainn agus thathar an dùil gun lean iad fad ur beatha. Faodaidh sibh Comann Alumni SMO fhàgail aig àm sam bith le bhith a' cur post-d gu alumni@smo.uhi.ac.uk
Adhbhar 2: Stuthan margaidheachd eileagtronaigeach bho Shabhal Mòr Ostaig	Cumar an dàta agaibh airson 80 bliadhna bhon bhliadhna san do cheumnaich sibh. Tha ar ceanglaichean ri alumni a' maireachdainn agus thathar an dùil gun lean iad fad ur beatha.

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd – Alumni

	Faodaidh sibh iarraidh oirnn gun stuthan margaidheachd eileagtronaigeach Sabhal Mòr Ostaig a chur thugaibh le bhith a' cur post-d gu alumni@smo.uhi.sc.uk You can opt-out of Sabhal Mòr Ostaig electronic marketing at any time by emailing alumni@smo.uhi.sc.uk

Seo na còraichean a th' aig na daoine ris am buin an dàta:

• A' chòir gus cothrom fhaighinn air an dàta phearsanta agaibh
• A' chòir gus a cheartachadh ma tha mearachdan san dàta phearsanta a th' againn mur deidhinn
• A' chòir gus mar a chleachdar an dàta pearsanta agaibh a chuingealachadh

Tha na còraichean a leanas agaibh dìreach ann an cuid a shuidheachaidhean:

• A' chòir gus an cead agaibh a tharraing a thaobh a bhith a' cleachdadh an dàta phearsanta agaibh nuair a tha sinn a' cleachdadh an dàta phearsanta agaibh air an stèidh laghail, gun d' fhuair sinn ur cead
• A' chòir gus cur an aghaidh mar a tha sinn a' cleachdadh an dàta phearsanta agaibh
• A' chòir gus iarraidh oirnn an dàta pearsanta agaibh a dhubhadh às
• A' chòir air dàta a bhios so-ghiùlan

Cuideachd, tha a' chòir agaibh gus gearan a thogail le Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh mu mar a chleachd sinn ur dàta.

'S e a th' ann an Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh, ùghdarras neo-eisimeileach na RA a chaidh a stèidheachadh airson dìon a chur air còraichean fiosrachaidh a chum leas a' phobaill. Seo an làrach-lìn aca www.ico.org.uk

Seòladh Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh:

Oifis Coimiseanair an
Fhiosrachaidh
Taigh Wycliffe
Caolshràid an
Uisge Wilmslow
Cheshire
SK9 5AF

Àireamh-thaice: 0303 123 1113